



Social Security Scotland
Tèarainteachd Shòisealta Alba

A' Chairt Againn

Na 's urrainn dhut a bhith an dùil bho Riaghaltas
na h-Alba agus Tèarainteachd Shòisealta Alba.

Urram,
Cothromachd,
Spèis.



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba



Cuir fios thugainn

 0800 182 2222

 mygov.scot

 @SocSecScot

 Tèarainteachd Shòisealta Alba

Clàr-innse

Mun Chairt Againn	4
Ro-ràdh	4
Dè th' anns a' Chairt Againn?	5
Cò a chruthaich a' Chairt Againn?	5
Cò 'sinne' anns a' Chairt 'Againn'?	5
Cò a nì cinnteach gu bheil sinn a' libhrigeadh na Cairt Againn?	6
Dè an t-eadar-dhealachadh eadar Riaghaltas na h-Alba, Tèarainteachd Shòisealta Alba, Pàrlamaid na h-Alba agus Coimisean na h-Alba air Tèarainteachd Shòisealta?	6
Cò dha a dh'innseas tu ma tha thu den bheachd nach eil sinn a' coileanadh na Cairt Againn?	7
Seirbheis dhan phoball	8
Pròiseasan a tha ag obair	10
Siostam a tha ag ionnsachadh	12
Àm ri teachd nas fheàrr	13

Mun Chairt Againn

Ro-ràdh

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cruthachadh siostam tèarainteachd shòisealta ùr airson Alba. Anns na beagan bhliadhnaichean ri tighinn, gheibh e smachd air roghainn de shochairan bhon DWP – 's e sochairan ciorraim agus do luchd-cùraim a th' anns a' mhòr-chuid aca, cho math ri beagan shochairan stèidhichte air teachd a-steach mar eisimpleir Grant Toiseach as Fheàrr (Best Start Grant) agus Taic le Cosgais Tìodhlacaidh (Funeral Expense Assistance).

Chaidh faighneachd de mhuinntir na h-Alba ciamar a bu chòir dhuinn na cumhachdan ùra seo a thaobh tèarainteachd shòisealta a chleachdadh. Thuir iad gun robh siostam na RA ag adhbharachadh ro-uallach, gu bheil e toinnte agus gu bheil e gu tric an-ìochdmhor. Tha Riaghaltas na h-Alba daingean gu bheil iad ag iarraidh rudan a dhèanamh ann an dòigh eadar-dhealaichte.

Tha e air Tèarainteachd Shòisealta Alba a stèidheachadh gus sochairan a libhrigeadh ann an dòigh nas adhartaiche is nas taiceile agus stèidhichte air a bhith a' faicinn tèarainteachd shòisealta mar chòir a' chinne-daonna. Tha an dòigh-obrach seo air a cur an cèill ann am barrachd doimhneachd anns na seachd prionnsabalan ann an Earrann 1 de dh'Achd na Tèarainteachd Shòisealta (Alba) 2018 – an lagha a chruthaich an siostam ùr:

1. tha tèarainteachd shòisealta na tasgadh ann am muinntir na h-Alba
2. 's e còir a' chinne-daonna a th' ann an tèarainteachd shòisealta agus tha e deatamach gus còraichean daonna eile a choileanadh
3. tha libhrigeadh tèarainteachd shòisealta na sheirbheis phoblach
4. bu chòir spèis air urram gach duine a bhith aig cridhe siostam tèarainteachd shòisealta na h-Alba
5. tha e na amas aig siostam tèarainteachd shòisealta na h-Alba bochdainn a lùghdachadh ann an Alba

Gheibhear an sgrìobhainn seo ann an cruth-claisneachd, Braille, Easy Read, clò-mòr no cànanan eile le bhith a' cur fòn gu 182 2222.

6. tha siostam tèarainteachd shòisealta na h-Alba gu bhith air a dhealbhadh còmhla ri muinntir na h-Alba, stèidhichte air fianais
7. thathar daonnan a' lorg dhòighean gus siostam tèarainteachd shòisealta na h-Alba a leasachadh ann an dòigh a bhios –
 - (i) a' cur feumalachdan an fheadhainn a tha feumach air taic an toiseach
 - (ii) a' cur air adhart co-ionannachd agus a' cur an aghaidh leth-bhreith,
8. bidh siostam tèarainteachd shòisealta na h-Alba èifeachdach agus libhrigidh e luach an airgid.

Dè th' anns a' Chairt Againn?

Tha e a' mìneachadh na tha na prionnsabalan sin a' ciallachadh an da-rìribh agus na bu chòir dhut a bhith an dùil bho Riaghaltas na h-Alba agus bho Thèarainteachd Shòisealta Alba.

Cò a chruthaich a' Chairt Againn?

- Daoine aig a bheil eòlas de bhith faighinn tèarainteachd shòisealta.
- Buidhnean a tha a' cuideachadh no a' riochdachadh dhaoine a dh'fhaodadh a bhith a' cleachdadh an t-siostaim ùir.
- Luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba agus Tèarainteachd Shòisealta Alba.

Cò 'sinne' anns a' Chairt 'Againn'?

A h-uile duine ann an Alba. 'S e còir a' chinne-daonna a th' ann an tèarainteachd shòisealta – tasgadh annainn fhèin agus ann an càch a' chèile. 'S e seirbheis phoblach a th' ann a dh'fhaodadh duine sam bith againn a bhith feumach air uair sam bith. Mar sin, tha a' Chairt Againn leinn uile.

Cò a nì cinnteach gu bheil sinn a' libhrigeadh na Cairt Againn?

Feumaidh Riaghaltas na h-Alba mìneachadh do Phàrlamaid na h-Alba na tha e air dèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' libhrigeadh nan gealltanasan anns a' Chairt Againn. Bidh Coimisean na h-Alba air Tèarainteachd Shòisealta (buidheann neo-eisimeileach de dh'èòlaichean) ag aithris do Phàrlamaid na h-Alba le a bheachdan air mar a tha Riaghaltas na h-Alba agus Tèarainteachd Shòisealta Alba a' coileanadh na Cairt Againn. Cleachdaidh Pàrlamaid na h-Alba am fiosrachadh seo gus co-dhùnadh a bheil Riaghaltas na h-Alba agus Tèarainteachd Shòisealta Alba a' dèanamh gu math no am bu chòir dhaibh barrachd a dhèanamh.

Tha uallach pearsanta oirnn uile cuideachd a bhith dèanamh cinnteach gu bheil A' Chairt Againn ga cur an gnìomh:

- Feumaidh fios a bhith againn uile air na còraichean a th' againn agus na thathar a' sùileachadh bhuinn.
- Feumaidh sinn a ràdh mur eilear a' coileanadh nan gealltanasan seo.

Dè an t-eadar-dhealachadh eadar Riaghaltas na h-Alba, Tèarainteachd Shòisealta Alba, Pàrlamaid na h-Alba agus Coimisean na h-Alba air Tèarainteachd Shòisealta?

Tha Pàrlamaid na h-Alba air a dèanamh suas de 129 BPA a tha air an taghadh le muinntir na h-Alba. 'S e an obair a th' aice laghan a dhèanamh agus a bhith a' cumail Riaghaltas na h-Alba cunntachail.

Tha Riaghaltas na h-Alba air a stiùireadh leis a' Phrìomh Mhinistear agus mar as trice, thèid an Riaghaltas a stèidheachadh leis a' phàrtaidh leis an àireamh as motha de BhPA. 'S e an obair a th' aige a bhith a' cruthachadh phoileasaidhean (i.e. a bhith a' co-dhùnadh na bu chòir dèanamh) anns na raointean ris a bheil e an urra (mar eisimpleir, slàinte, foghlam agus cuid de na sochairean sòisealta).

'S e buidheann-gnìomha air a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba a th' ann an **Tèarainteachd Shòisealta Alba**, a chaidh a chruthachadh gus sochairean a thoirt seachad ann an dòigh a tha a rèir na dòigh-obrach a tha air a cur an cèill sa Chairt Againn. Chan urrainn dhi poileasaidh a chruthachadh a thaobh tèarainteachd shòisealta (mar eisimpleir a bhith a' co-dhùnadh cò tha ion-roghnach airson sochairean no dè an ìre aig am bi na sochairean) ach tha i an urra ri bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid poileasaidh Riaghaltas na h-Alba a chur an gnìomh.

Tha Coimisean na h-Alba air Tèarainteachd Shòisealta na bhuidheann neo-eisimeileach de dh'éòlaichean a tha an urra ri bhith a' sgrùdadh poileasaidh agus reachdas ùr a thaobh tèarainteachd shòisealta agus a bhith a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba ma tha e den bheachd gun gabhadh leasachaidhean a dhèanamh. Bidh e ag aithris dhan Phàrlamaid cuideachd le am beachdan air mar a tha Riaghaltas na h-Alba agus Tèarainteachd Shòisealta Alba a' libhrigeadh nan gealltanasan ann a' Chairt Againn.

Tha pàirt aig na ceithir buidhnean seo uile ann an siostam tèarainteachd shòisealta na h-Alba. Aig a' cheann thall, 's e Riaghaltas na h-Alba a tha an urra ri poileasaidh agus dèanadas an t-siostaim. Tha Tèarainteachd Shòisealta Alba an urra ri bith a' cur a' phoileasaidh an gnìomh. Tha Pàrlamaid na h-Alba an urra ri bhith a' cumail Riaghaltas na h-Alba agus Tèarainteachd Shòisealta Alba cunntachail. Bheir Coimisean na h-Alba air Tèarainteachd Shòisealta seachad sgrùdadh neo-eisimeileach, dùbhlán agus comhairle.

Cò dha a dh'innseas tu ma tha thu den bheachd nach eilear a' coileanadh na Cairt Againn?

Airson ais-eòlas, molaidhean agus gearan, bruidhinn ri neach-obrach aig Tèarainteachd Shòisealta Alba no faic www.socialsecurity.gov.scot/what-we-do/feedback no cuir fòn gu 0800 182 2222.

Feuchaidh luchd-obrach ri do chuideachadh sa bhad agus gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn nas fheàrr an ath thuras. Èistidh sinn, ionnsachaidh sin agus leasachaidh sinn.

Ma tha thu mì-thoilichte fhathast, cuir fios gu Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (SPSO) a tha neo-eisimeileach.

Rach gu sps0.org.uk no cur fòn gu 0800 377 7330 an-asgaidh.

'S urrainn dhut gearan dìreach a chur gu Ministearan na h-Alba mu chùisean co-cheangailte ri co-dhùnaidhean poileasaidh (mar eisimpleir, ìre nam pàighidhean no riaghailtean a thaobh cò tha ion-roghnach airson sochairean) Cuir fios gu sgcomplaints@gov.scot.

Seirbheis dhan phoball

Tha sinn an seo gus do chuideachadh le bhith a' faighinn a h-uile rud air a bheil thu airidh.



Bidh Tèarainteachd Shòisealta Alba agus Riaghaltas na h-Alba:


1. foighidneach, coibhneil agus mothachail air mar a dh'fhaodadh tu a bhith a' faireachdainn
2. ag èisteachd riut agus a' dèiligeadh riut mar neach fa-leth
3. a' dèiligeadh ris a h-uile duine ann an dòigh cho-ionann, chothromach agus gun leth-bhreith
4. a' toirt taic dhut tron phròiseas iarrtais air fad, a' cumail fiosrachadh riut agus a' mìneachadh dè thachras agus carson
5. a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach fiosrach mu thèarainteachd sòisealta gus do chuideachadh le bhith a' faighinn na tha thu airidh air
6. ag innse dhut càite am faigh thu comhairle agus taic ma tha thu ag iarraidh taic a bharrachd leis an iarrtas no ma tha thu airson ath-thagradh a dhèanamh. Faodaidh tu iarraidh air cuideigin as aithne dhut do chuideachadh cuideachd
7. a' dèanamh cho-dhùnaidhean ann an dòigh a tha cunbhalach agus pungail – agus bidh sinn ag amas air co-dhùnaidhean ceart a dhèanamh sa chiad dol a-mach
8. a bhith onarach, a bhith a' toirt seachad adhbharan airson co-dhùnaidhean agus a' mìneachadh na bu chòir dhut dèanamh mur eil thu ag aontachadh
9. a' pàigheadh na suime ceart dhut air an uair
10. gad chur air adhart ri buidhnean, seirbheisean no seòrsaichean taic eile far am b' urrainn dhaibh piseach a thoirt air do shunnd no do shuidheachadh ionmhasail
11. ag innse dhut ma tha sinn a' smaoinichadh gur dòcha gu bheil thu airidh air sochairean nach eil air an toirt seachad le Tèarainteachd Shòisealta Alba
12. a bhith a' fastadh dhaoine a tha airson seirbheis a thoirt seachad stèidhichte air co-ionannachd, spèis, urram, agus còraichean daonna
13. a' gabhail a-steach daoine a dh'fhiosraich tèarainteachd shòisealta ann an diofar dhòighean, agus na daoine a tha gan riochdachadh ann a bhith a' trèanadh luchd-obrach.

Cuidich sinn le bhith:

1. a' dèiligeadh ri luchd-obrach le spèis, cothromachd agus urram
2. ag innse dhuinn ma tha feumalachdan ruigsinn no cultarach agad – nì sinn ar dìcheall gus na feumalachdan agad a choileanadh
3. a' toirt fiosrachadh dhuinn a tha a dhìth oirnn gus do chuideachadh agus ag innse dhuinn ma dh'atharraicheas rud sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an airidheachd agad
4. ag innse dhuinn mu dhuilgheadas sam bith a th' agad le bhith a' faighinn an fhiosrachaidh seo air eagal 's gun urrainn dhuinn do chuideachadh
5. ag innse dhuinn mar a tha thu a' faireachdainn mun t-seirbheis. Tha sinn daonnan airson fàs nas fheàrr agus nì na beachdan agaibh cinnteach gun urrainn dhuinn sin a dhèanamh.

Pròiseasan a tha ag obair

Dealbhaidh sinn seirbheisean còmhla ris na daoine a tha gan cleachdadh.



Bidh Tèarainteachd Shòisealta Alba agus Riaghaltas na h-Alba:

1. a' dèanamh conaltradh, pròiseasan agus siostaman cho sìmplidh is soilleir 's a ghabhas le bhith a' dèanamh deuchainnean orra còmhla ris na daoine a bhios gan cleachdadh
2. ag aithneachadh gu bheil an tìm agad luachmhor agus a' dèiligeadh ris an iarrtas agus ris na ceistean agad cho luath 's a ghabhas
3. ag atharrachadh pròiseasan agus dòighean conaltraidh cho mòr 's as urrainn dhuinn gu reusanta, gus na roghainnean agus feumalachdan a choileanadh, mar eisimpleir le bhith a' cur eadar-mhìneachairean air dòigh
4. a' cumail taic ri do shunnd agus a' dèanamh cinnteach gu bheil do chonaltradh ruinn cho dòigheil agus gun iomagain 's a ghabhas
5. a' dèanamh cinnteach gum faigh daoine air a bheil ciorram agus a dh'fhaodadh a bhith feumach air taic leis a' phròiseas iarrtais tagradh neo-eisimeileach
6. a' toirt seachad seirbheisean aghaidh-ri-aghaidh ann an coimhearsnachdan ionadail ann an àiteachan a tha goireasach agus ruigsinneach. Tha seo a' gabhail a-steach tursan dhan taigh agad ma bhios sinn iomchaidh

-
7. a' coimhead air an tagradh agad a-rithist mur eil thu ag aontachadh ri co-dhùnadh. 'S e ath-bhreithneachadh a chanar ri seo. Nuair a nì sinn seo, bheir cuideigin eile sùil air mar gun robh e na iarrtas gu tur ùr
 8. ag innse sinn dhut mar a nì thu ath-thagradh mas e is gu bheil thu a' smaoinichadh nach deach an co-dhùnadh ceart a dhèanamh às dèidh an ath-bhreithneachaidh
 9. a' leantainn ort le bhith gad phàigheadh aig an aon ìre ma nì thu ath-thagradh mu cho-dhùnadh gus na sochairean agad a lùghdachadh no a stad
 10. a' dèanamh measadh aghaidh-ri-aghaidh airson sochairean ciorramachd dìreach nuair nach eil e comasach dhuinn co-dhùnadh a dhèanamh leis an fhiosrachadh a ri fhaighinn mar-thà
 11. nì sinn cinnteach gun dèanar measaidhean aghaidh-ri-aghaidh ann an dòigh a tha a' cur do shunnd air thoiseach air rud sam bith eile
 12. nì sinn cinnteach gun tèid measaidhean aghaidh-ri-aghaidh a dhèanamh le luchd-obrach barantaichte a tha a' tuigsinn an t-suidheachaidh agad agus a' bhuidh a th' aige ort.

Siostam a tha ag ionnsachadh

Brosnachaidh sinn beachdan air ais agus bheir sinn cumhachd do dhaoine gus an t-seirbheis as fheàrr 's a ghabhas a thoirt seachad.



Bidh Tèarainteachd Shòisealta

Alba agus Riaghaltas na h-Alba:

1. ag èisteachd, ag ionnsachadh agus a' leasachadh chùisean le bhith ag aideachadh nuair a nì sinn mearachd agus a bhith a' brosnachadh bheachdan air ais, ghearanan, agus ath-thagraidhean air co-dhùnaidhean
2. gad bhrosnachadh gus beachdan a thoirt air ais, a' mìneachadh mar a nì thu gearan agus a bhith a' dèanamh a h-uile rud as urrainn dhuinn gus cùisean a chur ceart
3. a' gabhail a-steach daoine a tha a' cleachdadh na seirbheis gus tomhas cho math 's a tha cùisean ag obrachadh - a' gabhail a-steach na gealltanasan anns a' Chairt Againn
4. a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh thrèanadh is taic aig luchd-obrach agus gu bheil iad uidheamaichte gus an obair aca a dhèanamh
5. a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' tuigsinn nam feumalachdan aig diofar dhaoine agus na cnapan-starra a tha romhpa - gus nach dèanar leth-bhreith air duine sam bith mar thoradh air cò a th' annta
6. a' brosnachadh luchd-obrach gus an guthan a thogail nuair a tha iad den bheachd gum b' urrainn dhuinn seirbheis na b' fheàrr a thoirt seachad
7. a' togail feachd-obrach a tha a' riochdachadh iomadachd muinntir na h-Alba
8. a' cruthachadh cultar de dh'earbsa le bith fosgailte agus follaiseach
9. ag obair còmhla ri buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean agus poileasaidhean ceangailte ann gus an taic agus cuideachadh as fheàrr 's a ghabhas a thoirt seachad
10. a' brosnachadh bhuidhnean eile a tha an sàs ann an tèarainteachd shòisealta gus an dòigh-obrach a tha sa Chairt Againn a ghabhail os làimh
11. a' stèidheachadh sheirbheisean ann an àiteachan a tha ruigsinneach agus furanach do na h-uile.

Am ri teachd nas fheàrr

Bidh sinn a' tasgadh ann am muinntir na h-Alba – a' toirt deagh bhuaidh air na beathannan againn uile.



Bidh Riaghaltas na h-Alba:

1. a' leabachadh prionnsabalan na tèarainteachd shòisealta agus na Cairt Againn ann am pròiseas cruthachaidh nam poileasaidh
2. a' gabhail a-steach daoine a dh'fhiosraich tèarainteachd shòisealta ann an diofar dhòighean ann a bhith a' dèanamh poileasaidh
3. a' cruthachadh poileasaidh a tha a' brosnachadh co-ionannachd, a' cur an aghaidh leth-bhreith, agus a' cur air adhart tèarainteachd shòisealta mar chòir a' chinne-daonna mar a tha air a mhìneachadh ann an laghan, cùmhnantan agus stiùireadh
4. a' cleachdadh chumhachdan a thaobh tèarainteachd shòisealta gus dèanamh cinnteach gun urrainn do dhaoine pàirt làn is gnìomhach a chluich san t-sòisealtas
5. a' brosnachadh sealladh fàbharach air tèarainteachd shòisealta, a' mìneachadh gur e seirbheis phoblach a th' ann às am bu chòir dhuinn a bhith moiteil - còir a' chinne-daonna a tha ann airson duine sam bith againn a tha feumach oirre
6. a' cur an aghaidh nan claon-sgeul agus nan stereotype mu tèarainteachd shòisealta gus stiogma agus beachdan neo-fhàbharach a lùghdachadh
7. ag atharrachadh a' chànan a thathar a' cleachdadh a thaobh tèarainteachd shòisealta - a' toirt a-steach faclan nas fhàbharaiche mun t-seirbheis agus mu na daoine a tha ga cleachdadh
8. a' sireadh dhòighean ùra gus riaghailtean airidheachd a dhèanamh nas cothromaiche agus a' beachdachadh air sochairean ùra a chruthachadh gus am bi iad a' freagairt air mar a tha feumalachdan dhaoine ag atharrachadh
9. a' dèanamh ath-sgrùdadh air ìre nan sochairean Albannach gach bliadhna


10. a' cur ri luach nan sochairean airson ciorraim, leòntan san àite obrach, luchd-cùraim agus cosgais thiodhlacan gach bliadhna a rèir atmhorachd
11. a' cur ri ìre-chleachdaidh, a' dèanamh cinnteach gum faigh an uiread 's a ghabhas de dhaoine na sochairean air a bheil iad airidh, a' dèanamh oidhirp shònraichte gus daoine a ruigsinn a tha nas buailtiche a bhith air an às-dhùnadh
12. a' cleachdadh chumhachdan a thaobh tèarainteachd shòisealta gus aghaidh a thoirt air bochdainn
13. ag obair le buidhnean poblach eile gus na h-Amasan Nàiseanta a lìbhrigeadh. Tha iad seo a' cur an cèill lèirsinn Riaghaltas na h-Alba airson Alba a tha nas cothromaich agus nas soirbheachaile
14. riarach stòrasan gu cothromach agus gu h-èifeachdach, a' toirt seachad luach an airgid ann an dòigh a chuireas daoine air thoiseach air rud sam bith eile
15. cruthaich dòighean gus tomhas dè cho math 's a tha sinn a' coileanadh gealltanasan na Cairt Againn.





Social Security Scotland
Tèarainteachd Shòisealta Alba

Cuir fios thugainn

 0800 182 2222

 mygov.scot

 @SocSecScot

 Tèarainteachd Shòisealta Alba

Gheibhear an sgrìobhainn seo ann an cruth-claisneachd, Braille, Easy Read, clò-mòr no cànanan eile le bhith a' cur fòn gu 182 2222.

